

A' dìon chòraichean cloinne agus dhaoine òga

Gheibhear na còraichean agad ann an **Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Cloinne** no an **UNCRC**. Is e aon de dhleastanasan a' Choimiseanair dèanamh cinnteach gum faigh daoine ann an Alba eòlas air a' chùmhnant seo.

Artaigilean an UNCRC

Artaigil 1

Tha na còraichean sin aig a h-uile duine a tha fo aois 18.

Artaigil 2

Tha còir agad dìon fhaighinn bho leathachas.

Artaigil 3

Bu chòir dha inbhich an rud as fheàrr a dhèanamh air do shon.

Artaigil 4

Tha còir agad gun toir riaghaltas do chòraichean dhut ann am fìorachas.

Artaigil 5

Tha còir agad gum faigh thu stiùireadh bho do phàrantan agus do theaghlach.

Artaigil 6

Tha còir agad air beatha.

Artaigil 7

Tha còir agad gum faigh thu ainm agus dùthchas.

Artaigil 8

Tha còir agad gum faigh thu aithne.

Artaigil 9

Tha còir agad gum bi thu a' fuireach còmhla ri do phàrantan mura dèan sin cron ort.

Artaigil 10

Ma tha thusa no do phàrantan a' fuireach ann an dùthchannan eadar-dhealaichte, tha còir agad faighinn air ais còmhla ri chèile agus a bhith a' fuireach san aon àite.

Artaigil 11

Cha bu chòir gun deidheadh do thoirt am bruid.

Artaigil 12

Tha còir agad gum bi beachd agad agus gun tèid èisteachd ris agus aire cheart a thoirt dhà.

Artaigil 13

Tha còir agad gum faigh thu a-mach mu dheidhinn rudan agus gun innis thu dè tha thu a' smaoinichadh, tro bhith a' dèanamh ealan, a' còmhradh agus a' sgrìobhadh mura bris seo còraichean dhaoine eile.

Artaigil 14

Tha còir agad gu smaoinich thu le do thoil fhèin agus gum bi creideamh sam bith a roghnaicheas tu agad le stiùireadh bho do phàrantan.

Artaigil 15

Tha còir agad gum bi thu còmhla ri caraidean agus a bhith nad bhall no bhith a' stèidheachadh chlubaidhean, mura bris seo còraichean dhaoine eile.

Artaigil 16

Tha còir agad gum bi beatha phrìobhaideach agad. Mar eisimpleir, faodaidh tu leabhar-latha a chumail nach fhaod duine sam bith eile fhaicinn.

Artaigil 17

Tha còir agad gum faod thu fiosrachadh a thional bho na meadhanan.

Artaigil 18

Tha còir agad gun tèid do thogail le do phàrantan cho fad 's a tha seo comasach.

Artaigil 19

Tha còir agad gun tèid do dhion bho bhith air do ghortachadh no bhith a' faighinn droch làimhseachadh.

Artaigil 20

Tha còir agad dìon agus cuideachadh sònraichte fhaighinn mura h-eil e comasach dhut a bhith a' fuireach còmhla ri do phàrantan.

Artaigil 21

Tha còir agad an cùram as fheàrr a tha comasach fhaighinn ma tha thu air d' uchd-mhacach no ann an daltachd.

Artaigil 22

Tha còir agad gum faigh thu dìon agus cuideachadh sònraichte mas e fògarrach a th' annad.

Artaigil 23

Ma tha thu ciorramach, nad inntinn no nad chorp, tha còir agad gum faigh thu cùram agus foghlam sònraichte.

Artaigil 24

Tha còir agad gum faigh thu an t-slàinte as fheàrr a tha comasach agus gum faigh thu cùram agus fiosrachadh medigeach.

Artaigil 25

Tha còir agad gun deidheadh sùil a chumail air do shuidheachadh beatha gu cunbhalach ma tha thu a' fuireach air falbh bhon dachaigh.

Artaigil 26

Tha còir agad gum faigh thu cuideachadh bhon riaghaltas ma tha thu bochd no ann an dith.

Artaigil 27

Tha còir agad gum bi ìre beòthachd math gu leòr agad.

Artaigil 28

Tha còir agad foghlam fhaighinn.

Artaigil 29

Tha còir agad foghlam fhaighinn a bheir leasachadh air do phearsantachd, a bheir spèis do chòraichean dhaoine eile agus don àrainneachd.

Artaigil 30

Ma bhuineas tu do mhion-choimhearsnachd tha còir agad tlachd fhaighinn bho do chultar, cothrom air do chreideamh a chuir an gnìomh agus do chànan fhèin a chleachdadh.

Artaigil 31

Tha còir agad air cluiche a dhèanamh agus fois a ghabhail le bhith an sàs ann an rudan mar spòrs, ceòl agus dràma.

Artaigil 32

Tha còir agad dìon fhaighinn bho obair a tha a' dèanamh cron air do shlàinte no air d' fhoghlaim.

Artaigil 33

Tha còir agad dìon fhaighinn bho dhrogaichean cunnartach.

Artaigil 34

Tha còir agad dìon fhaighinn bho dhrabastachd.

Artaigil 35

Chan fhaod duine do chuir am bruid no do reic.

Artaigil 36

Tha còir agad dìon fhaighinn bho ghabhail-brath de sheòrsa sam bith eile.

Artaigil 37

Tha còir agad nach tèid do pheanasachadh ann an dòigh borb no cronail.

Artaigil 38

Tha còir agad dìon fhaighinn aig àm cogaidh. Ma tha thu fo aois 15, cha bu chòir dhut uair sam bith a bhith anns an arm no ann am blàr.

Artaigil 39

Tha còir agad cuideachadh fhaighinn ma chaidh do ghortachadh, do chuir ann an suarachas, no do dhroch làimhseachadh.

Artaigil 40

Tha còir agad air cuideachadh gus thu fhèin a dhìon ma tha thu fo chasaid gun do bhris thu an lagh.

Artaigil 41

Tha còir agad air còraichean lagha anns an dùthaich agad no gu eadar-nàiseanta a bheir dhut còraichean nas fheàrr na iad sin.

Artaigil 42

Bu chòir gum biodh fios aig a h-uile inbheach agus leanabh mun chùmhnannt seo.

Tuilleadh Artaigilean

Tha artaigilean 43 - 54 mu dheidhinn an dòigh anns am bi riaghaltasan agus buidhnean eadar-nàiseanta ag obair gus còraichean a thoirt dha clann.